

# Beagan fios mu ghalar Parkinson

A quick introduction to Parkinson's – Scots Gaelic

## Cha leig duine sam bith leas galar Parkinson fhulang na aonar

Mas e gun d'fhuaireadh galar Parkinson ort o chionn ghoirid no gun aithnich thu cuideigin air an deach a lorg, 's dòcha gum bi ceistean gu leòr agad agus math dh'fhaodte beagan iomagain ort. Seo far am faod Parkinson's UK cuideachadh.

Is e a th' annainn buidheann-carthannachd taice is rannsachaiddh mu ghalar Parkinson san Rìoghachd Aonaichte. Tha sinn an geall air leigheas a lorg agus beatha a leasachadh dhan a h-uile duine air a bheil galar Parkinson a' bualadh. Tha sinn a' toirt seachad raon farsaing fios is taice tron lärach-lìn againn, tro na 365 buidhnean ionadail againn agus tron loidhne-chuideachaidh an-asgaidh is fo rùn againn le sgioba is luchd-altraim teòma.

## Tha a h-uile duine air a bheil galar

Bidh comharraighean galar Parkinson air cuideigin agus cho luath agus a bhios an galar a' leasachadh ag atharrachadh bho neach gu neach. Ged nach eile leigheas air an-dràsta, tha cothrom air raon chungaidhean-leigheis agus làimhseachaidh gus rian a chumail air mòran de na comharraighean.

Chan eil fios againn fhathast carson a thig galar Parkinson air daoine. Tha fios againn, ge-tà, nach eil e gabhaltach agus nach bi e a' ruith ann an teaghlaichean mar as trice. Don chuid is mothà de dhaoine, chan atharraich an dòchas-beatha aca mòran mar thoradh air galar Parkinson.

## Bidh galar Parkinson a' bualadh air daoine aig gach aois

Tha sinn a' meas àireamh nan daoine air a bheil galar Parkinson san RA aig mu 145,000. Sin an ìre mhath aon inbheach a-mach às gach 350.

Tha a' chuid as mothà de na daoine air a bheil an tinneas a' cur aig aois 50 no nas sine, ach 's urrainn do dhaoine òga a ghabhail cuideachd.

## Bidh e a' toirt nas fhaide orm nithean a dhèanamh

Faodaidh daoine galar Parkinson a ghabhail seach gu bheil feadhainn de na ceallan-nearbhan nan eanchainnean a bhios a' cruthachadh ceimig air a bheil dopamine air eug. Tha cion dopamine a' ciallachadh gum bi duilgheadasan mòra aig daoine le bhith a' cumail smachd air mar a bhios iad a' gluasad. Aig amannan faodaidh daoine 'reothadh' gu h-obann nuair a tha iad a' gluasad.

Faodaidh galar Parkinson toirt air làmhan is colainnean cui'd a dhaoine dol air chrith cuideachd. Nì seo obair làitheil leithid ithe, a' cur ort do chuid aodaich no a' cleachdadhbh fòn doirbh is draghail.

## Chan ann dìreach air glusad a bhios galar Parkinson a' bualadh

A bharrachd air duilgheadasan le gluasad, faodaidh daoine air a bheil galar Parkinson comharraighean eile a ghabhail, leithid sgìths, cràdh, truimead-inntinn, iomagain, duilgheadasan le cuimhne agus teannachadh-innidh.

Is e a thathar a' gabhail orra seo gu tric comharraidhean neo-ghluasaid agus faodaidh iad buaidh mhòr a thoirt air beatha dhaoine bho là gu là.

## Bidh a' chungaideh-leigheis agam gam chumail a' gluasad

Tha raon chungaidhean-leigheis rim faotainn a chuideachadh gus rian a chumail air na comharraidhean. Cuidichidh an speisealach no altram Parkinson thu gus an fheadhainn as fheàrr dhut fhèin a lorg. Ged a chuidicheadh aon chungaideh-leigheis cuideigin, math dh'fhaodte nach obraich i do dhaoine eile. Faodaidh gum bi cuid a dhaoine feumach air dòsan nas mothà no measgachadh de chungaidhean-leigheis, agus feadhairn eile feumach air dòsan nas lugha ach nas trice.

Ri tìde, faodaidh gun tig air daoine a' chungaideh-leigheis aca atharrachadh. Faodaidh anacladh-cuirp agus teiriye-labhairt cuideachadh cuideachd. Faodaidh gum bi obair-lannsa mar roghainn do dhaoine far an do stad a' chungaideh-leigheis a leasachadh nan comharraidhean.

## Cha dèan e an gnothach orm

Faodaidh mar a bhios galar Parkinson a' bualadh air neach atharrachadh bho là gu là, agus fiù bho uair gu

Is sinne buidheann-carthannachd galar Parkinson a bhios a' brosnachadh cùram, làimhseachadh agus maitheas-beatha nas fheàrr.

## Còmhla, thèid againn air an là a thoirt air adhart nach bi eagal air duine sam bith ro ghalar Parkinson.

Parkinson's UK  
215 Vauxhall Bridge Road  
London SW1V 1EJ

Loidhne-chuideachaidh an-asgaidh is fo rùn **0808 800 0303** (Diluain gu Dihaoine 9m gu 7f, Disathairne 10m gu 2f). Eadar-theangachadh ri fhaotainn. NGT Relay **18001 0808 800 0303** (ri chleachdad le fònaichean-làimhe, tablaidean, coimpiutairean pearsanta agus innealan eile). Airson barrachd fiosrachaidh, faic, [www.ngts.org.uk](http://www.ngts.org.uk)

[hello@parkinsons.org.uk](mailto:hello@parkinsons.org.uk)  
[parkinsons.org.uk](http://parkinsons.org.uk)

Order code: PKL001SG

Air ùrachadh mu dheireadh san luchar 2019. Bidh sinn a' toirt sùil às ùr air ar cuid fiosrachaidh a h-uile còig bliadhna. Thoir sùil mas e do thoil e air an làrach-lìn againn gus an dreach as ùire den fiosrachadh air fad againn fhaicinn.

© Parkinson's UK, luchar 2019. Is e Parkinson's UK an t-ainm-obrachaidh air Comann Galar Parkinson na Rìoghachd Aonaichte. Na charthannas air a chlàradh ann an Sasainn agus sa Chuimhrigh (258197) agus ann an Alba (SC037554).

uair. Math dh'fhaodte nach bi comharraidhean a tha follaiseach aon là nan duilgheadas là eile.

Ged is dòcha gum bi e doirbh aig amannan rian a chumail air galar Parkinson, tha beatha làn bheothail fhathast aig mòran dhaoine air a bheil an tinneas a' cur.

## Càit am faigh mi barrachd fiosrachaidh?

Tha sinn a' tairgse comhairle do dhaoine san RA aig nach eil Beurla mar a' chiad chànan aca, le seirbheis eadar-theangachaидh air fòn ann an còrr is 170 cànanan.

Faodaidh tu an loidhne-chuideachaidh fhònadair gu dìreach air **0808 800 0303** agus eadar-theangair iarraidh.

Faodaidh luchd-dreuchd cùram-slàinte fios a chur thugainn cuideachd, le cead bhuat, agus cur air dòigh gun cuir neach-comhairle is eadar-theangair loidhne-chuideachaidh fòn thugad.

Gus copaidhean ann an clò den fiosrachadh againn òrdachadh, tadhail air [parkinsons.org.uk/orderingresources](http://parkinsons.org.uk/orderingresources) no cuir fòn gu **0300 123 3689**.

